

NHS PHARMACY FIRST ALBA

COMHAIRLE | LEIGHEAS | TAR-CHUR



COMHAIRLE MU NA
COMHARRAN AGAD



LEIGHEAS MA THÈID
SEO A MHO LADH



GAD CHUR AIR
ADHART GU
SEIRBHEISEAN EILE

Fiosrachadh do dh'eu slaintich



Healthier
Scotland
Scottish
Government

Dè th' ann an NHS Pharmacy First Alba?

- Tha **NHS Pharmacy First Alba** na seirbheis aig an NHS a tha air a thoirt seachad leis a' bhùth-chungaidhean coimhearsnachd agaibh (bùth-chungaidhean le cùmhnant gus òrdugh-cungaidh agus seirbeisean a thoirt seachad airson an NHS).
- Ma tha tinneas beag ort bu chòir dhut a dhol gu bùth-chungaidhean airson comhairle an toiseach.
- Mar as trice, chan fheum thu coinneamh a chur air dòigh agus faodaidh tu a dhol gu bùth-chungaidhean sam bith.
- Is urrainn dhan chungaidhear comhairle a thoirt dhut a thaobh tinneasan beaga, agus is urrainn dhaibh cungaidhean-leigheis a thoirt dhut ma tha iad den bheachd gu bheil thu feumach orra.

Cò dha a tha an t-seirbheis seo?

Is urrainn dhut **NHS Pharmacy First Alba** a chleachdadh ma tha thu clàraichte le dotair teaghlaich ann an Alba no ma tha thu a' fuireach ann an Alba. Bruidhinn ri sgioba a' bhùth-chungaidhean ma tha barrachd fiosrachaidh a dhìth.

Ciamar a tha an t-seirbheis ag obair?

- Tha cungaidhearan agus an sgiobannan nan eòlaichean air cungaidhean agus is urrainn dhaibh cuideachadh le trioblaidean slàinte beag.
- Is urrainn do chungaidhear comhairle agus leigheas (ma tha sin a dhìth ort) a thoirt dhut iarson tinneasan beaga mar a leanas:

Plucan	Mialan
Aileirdsidhean	Neasgaidean
Loibheachas-coise	Tinneas an fheòir
Druim goirt	Impetigo
Sròn stobte no sruth às do shròn	Indigestion
Breac-sith (cold sore)	Otharan Beòil
Teannachadh-cuim	Pian
Casad	Pian fala-mìos
Siostaidhteas (ann am boireannaich)	Amhaich ghoirt
Sgàirt	Cnuimhean-tòin
Greim-cluaise	Craos-ghalar
Eacsama	Foinnean
Ceann-goirt	Bhurucathan

- Coltach ri dotairean teaghlaichean, chan urrainn do chungaidhearan ach cuid de chungaidhean agus bathair a thoirt seachad air an NHS. Chaidh dearbhadh gu bheil iad seo uile èifeachdach airson an tinneis/suidheachadh slàinte agad Ma tha thu ag iarraidh leigheas no bathar sònraichte, dh'fhaodte gum bi agad ri a cheannach. Bheir an cungaidhear comhairle dhut air seo.
- Ma tha an cungaidhear agad den bheachd gum biodh e na b' fheàrr dhut nam faiceadh tu an dotair teaghlaich agad, dh'fhaodte gun cuir iad air adhart dhan dotair thu no gun iarr iad ort agallamh a chur air dòigh leis an dotair.

Ciamar a chleachdas mi an t-seirbheis?

- **Tha seirbheis NHS Pharmacy First Alba** ri fhaighinn anns a h-uile bùth-chungaidhean ann an Alba a bhios a' toirt a-mach òrdugh-cungaidh air an NHS.
- Is urrainn dhut taghadh dè am bùth-chungaidhean a chleachdas tu.
- Mar as trice, cha leig thu leas coinneamh a chur air dòigh.
- Nuair a thèid thu dhan bhùth-chungaidhean, iarraidh an cungaidhear (no cudeigin anns an sgioba aca) ort beagan fiosrachaidh a thoirt dhaibh, a' gabhail a-steach d' ainm, do latha-breith is do chòd-puist.
- Nì an cungaidhear na leanas:
 - o faighnichear mu na comharran agad;
 - o bheirear comhairle dhut mun tinneas agad;
 - o bheirear cungaidhean dhut (ma tha thu feumach air seo); agus
 - o cuirear thu air adhart gu proifeisiantach slàinte eile (mar eisimpleir, an dotair teaghlaich agad (ma tha iad a' smaoinneacadh gu bheil seo a dhìth).
- Cuiridh iad Clàr Chungaidhean Euslainteach air dòigh dhut gus nòta a dhèanamh air comhairle no leigheas a bheir iad dhut.
- Faodaidh tu iarraidh àite no seòmar co-chomhairleachaidh a' bhùth-chungaidhean a chleachdadh ma tha thu airson bruidhinn ris a' chungaidhear gu prìobhaideach.

An urrainn dhomh a dhol gu bùithtean-cungaidh eile fhathast?

- Is urrainn. Is urrainn dhut a dhol gu bùith-chungaidhean sam bith gus cungaidhean a cheannach, gus òrdughan-cungaidh fhaighinn no gus an t-Seirbheis **NHS Pharmacy First Alba** a chleachdadh. Chan fheum thu an aon fhear a chleachdadh a h-uile turas.
- Ach, ma bhios tu daonna a' cleachdadh an aon bhùth-chungaidhean, is urrainn dhan chungaidhear clàr a dhèanamh den leigheas agad, a dh'fhaodadh a bhith cuideachail gus do chuideachadh le bhith a' dèiligeadh ris an t-suidheachadh slàinte ann an dòigh nas èifeachdaiche. (Cha bhithear a' co-roinn seo le duine sam bith eile.)

Dè nì mi mur eil mi toilichte leis an t-seirbheis a fhuair mi bhon bhùth-chungaidhean?

- Bruidhinn ris a' chungaidhear an toiseach gus am feuch iad ris a' chùis a rèiteachadh sa bhad.
- Mura tèid agad air seo a dhèanamh, no ma tha thu air bruidhinn ris a' chungaidhear agad mar tha is nach eil thu sàsaichte fhathast, is urrainn dhut fios a chur gu sgioba an ais-eòlais agus nan gearanan aig a' bhòrd-slàinte NHS ionadail agad. Gheibhear fios conaltraidh air làrach-lìn NHS Inform www.nhsinform.scot.

Mar a gheibh thu barrachd fiosrachaidh

- Airson barrachd fiosrachaidh mu rud sam bith sa bhileig seo, cuir fios gu na daoine a leanas:
- bùth-chungaidhean ionadail;
- an dotair teaghlaich no neach-obrach eile aig an NHS a tha a' toirt cùram dhut;
- loidhne cuideachaidh NHS inform air **0800 22 44 88** (tha gairmean bho loidhne-talmhainn an-asgaidh), no làrach-lìn NHS Inform aig www.nhsinform.scot; no
- Cuir fios gu Seirbheis Comhairle is Taic nan Euslainteach (PASS) air 0800 011 3200 no dhan bhiùro comhairleachaidh an t-sluaigh as fhaisg ort (lorg am biùro as fhaisg aig: "http://www.cas.org.uk" www.cas.org.uk no anns an leabhar fòn ionadail agad)."

Tha am fiosrachadh seo ri fhaighinn air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba (www.gov.scot) agus air làrach-lìn NHS Inform (www.nhsinform.scot).



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2020

OGL

Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach far a bheil a chaochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn theirig gu nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn aig www.gov.scot

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig
Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naomh Anndrais
Dùn Èideann
EH1 3EG

ISBN: 978-1-83960-444-7

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, An Giblean 2020.

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA
PPDAS675394 (04/20)

W W W . g o v . s c o t